

# Co-chomhairleachadh Mheasaidhean Buile Plana Lìbhrigidh NTS2

## Ro-ràdh

Tha Ro-innleachd Còmhail Nàiseanta Alba 2 (NTS2) a' mìneachadh na lèirsinn son siostam còmhail Alba gu 2040. Tha NTS2 a' dealbhadh ceithir prìomhachasan son an t-siostaim chòmhail:

- Lùghdachadh neo-ionannachd
- Gnìomhach às leth na gnàth-shìde
- A' cur ri fàs eaconamach ion-ghabhalach; agus
- Leasachadh ar slàinte is soirbheas

Minichidh a' chiad Phlana Lìbhrigidh NTS2 poileasaidhean ro-innleachdail agus na gnìomhan farsaing a tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail gus lìbhrigeadh a lèirsinn is prìomhachasan gu deireadh Màirt 2022, a' toirt aire de bhuidh COVID-19. Tha measaidhean buile ann son 37 poileasaidhean ro-innleachdail fo Phlana Lìbhrigidh NTS2 agus bu mhiann leinn ur beachd fhaighinn mu chiad sgrìneadh nam buaidhean tron cho-chomhairleachadh seo. Seo na measaidhean buile:

- Measadh Buile Sòisealta is Ionannachd (SEQIA (a' gabhail a-steach Measadh Buile Ionannachd (EqIA), Measadh Buile Chòraichean is Soirbheas Cloinne (CRWIA), Measadh Dleastanais Alba nas Cothromaich (FSDA).
- Measadh Buile Choimhearsnachdan Eileanach (ICIA)
- Measadh Buile Neo-ionannachd Shlàinte (HIIA)
- Measadh Buile Riaghladh Gnothachais (BRIA)

Sgrùdaich sinn am feum a bhiodh ann Measadh Buile Dìona Dàta a dhèanamh den Phlana Lìbhrigidh NTS2 is cho-dhùn sinn gun robh cùisean dìon dàta sam bith air an dèiligeadh le mar phàirt de phoileasaidhean sònraichte is mar sin cha bhiodh feum air measadh farsaing den bhuidh aig dìon dàta air poileasaidhean fa leth.

## A' freagairt a' Cho-chomhairleachaidh

Tha sinn a' toirt cuireadh son freagairtean don cho-chomhairleachadh eadar Diciadain 3mh Samhain 2021 is Diciadain 5mh Faoilleach 2022.

Cuiribh freagairt don cho-chomhairleachadh a' cleachdadh huba cho-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba, [Citizen Space](#). 'S urrainnear sàbhaladh is tilleadh gu ur freagairtean fhad 's a tha an co-chomhairleachadh fosgailte. Dèanaibh cinnteach gun tèid freagairtean a chur a-steach ron cheann-là dhùnaidh Diciadain 5mh Faoilleach 2022.

Chan fheum gach ceist san t-suirbhidh a fhreagairt mur a tagh sibh. Tha fios againn gum bi ùidh aig daoine diofraichte ann am measaidhean diofraichte agus tha an t-suirbhidh air ullachadh gus leigeil leibh beachdan a thabhann air sgrìneadh bhuidhean air fad agus cuideachd beachd a thoirt air na poileasaidhean sònraichte anns a bheil as motha ùidh agaibh.

'S urrainn na ceanglaichean gu h-ìosal a chleachdadh son leum gu na pàirtean anns a bheil as motha ùidh agaibh, agus dìreach freagair na ceistean sna pàirtean ud.

Nuair a bhruthas tu ceangal thèid do thoirt gu na ceistean anns a' phàirt ud. Aon uair 's gu bheil thu air crìochnachadh ceistean iomchaidh na duilleig tagh 'Save and come back later...' neo 'Continue'.

Leis gur e seo co-chomhairleachadh fada mholadh sinn cleachdadh 'Save and come back later' gu tric fhad 's a nì thu an t-suirbhidh. Leigidh seo leat fàgail is tilleadh don cho-chomhairleachadh aig àm nas fhadalaiche gun call am fiosrachadh a chuir thu ann mu thràth. **Feumaidh tu nòt a chumail den àireimh-bhratha agad gus tilleadh gu do fhreagairt.** Mur a tèid an fhreagairt a chur a-steach ro chrìch a' cho-chomhairleachaidh thèid an fhreagairt a chall.

Tillidh 'Continue' thu don dhuilleig seo. 'S urrainn dhut taghadh crìochnachadh pàirt eile neo crìochnachadh an duilleag dheatamach 'About you'. Nuair a chrìochnaicheas tu a h-uile ceist a tha thu airson freagairt, cur do fhreagairt a-steach a' cleachdadh a' phutain "Finish" a nochdas aig bonn na duilleig.

**Mur nach urrainn dhut freagairt tro hub Citizen Space, 's urrainn freagairt a chur a-steach tron phost neo post-d:**

Tron phost: Luchd a-nuas is crìochnaich Foirm na Suirbhidh agus am Foirm Fiosrachaidh Luchd-freagairt bho na Pàipearan Taice agus post iad gu:

**NTS2 Impact Assessment Team  
AECOM  
Aurora, 7th Floor  
120 Bothwell Street  
Glasgow, G2 7JS**

Tro phost-d: Luchd a-nuas is crìochnaich Foirm na Suirbhidh agus am Foirm Fiosrachaidh Luchd-freagairt bho na Pàipearan Taice is till iad gu [nts2impactassessments@aecom.com](mailto:nts2impactassessments@aecom.com) mar cheanglachan.

Gus iarraidh lethbhreac pàipeir den t-suirbhidh, cuiribh post-d gu:  
[nts2impactassessments@aecom.com](mailto:nts2impactassessments@aecom.com)

Tha fòrmatan Beurla is Furasta a Leughadh den cho-chomhairleachadh seo cuideachd ri fhaighinn is fòrmatan ruigsinneach eile ri fhaighinn a-rèir iarrtais.

## Na h-ath-cheuman sa phròiseas

Às deidh a' chinn-latha dhùnaidh air **Diciadain 5mh Faoilleach 2022**, thèid gach freagairt a mhìneachadh is bidh aithisg cho-chomhairleachaidh air fhoillseachadh a bheir geàrr-chunntas de na stèidheachaidhean riatanach. Far an deach cead a thoirt freagairtean a dhèanamh poblach, is às deidh dhuinn dearbhadh nach eil càil cliù-mhillteach unnta, thèid freagairtean a thabhann don phoball aig an [hub co-chomhairleachaidh](#) againn. Ma fhreagras tu air an hub co-chomhairleachaidh, gheibh thu lethbhreac den fhreagairt agad tro phost-d.

Bidh stèidheachaidhean a' cho-chomhairleachaidh air am meòrachadh le fianais eile is air an cleachdadh ann am measaidhean buile deireannach Plana Lìbhrigidh NTS2 2020-2022. Bheir na freagairtean cuideachd taic ri leasachadh ghnìomhan is a' cur fios ri Plana Lìbhrigidh NTS2 2022-2023 agus seachad air an sin.

## Beachdan is gearanan

Ma tha beachdan agaibh mun dhòigh anns an deach an eacarsaich cho-chomhairleachaidh seo a ghiùlan cuir iad gu [NTS2@transport.gov.scot](mailto:NTS2@transport.gov.scot).

## Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba

Tha co-chomhairleachadh na phàirt riatanach de bhith a' cruthachadh poileasaidh. 'S e cothrom a tha ann ar beachdan agus eòlas a mheòrachadh anns na raointean-obrach a tha romhainn.

'S urrainn ar co-chomhairleachaidhean uile a lorg air-loidhne: <http://consult.gov.scot>.  
Minichidh gach co-chomhairleachadh na cùisean a tha fon phrosbaig, a thuilleadh air dòigh dhuibhse ar beachdan a thoirt dhuinn air-loidhne, tro phost-d neo tron phost.

Thèid freagairtean a mhìneachadh san cleachdadh mar phàirt den phròiseas thaghaidh, còmhla ri farsaingeachd de dh'fhiosrachadh is fianais eile a tha ri fhaighinn. Foillsichidh sinn aithisg den mhìneachadh seo son gach co-chomhairleachadh. A-rèir dè seòrsa de cho-chomhairleachadh a tha ann dh'fhaodadh na freagairtean a gheibh sinn:

- sealltainn gu bheil leasachadh neo ath-sgrùdadh poileasaidh a dhìth
- an leasachadh aig poileasaidh sònraichte a stiùireadh
- cuideachadh taghadh eadar molaidhean poileasaidh eadar-dhealaichte
- a bhith air an cleachdadh gus lagh a chrìochnachadh mus tèid a chur an sàs

Ged as urrainn fiosrachadh mu shuidheachaidhean sònraichte a thèid a mhìneachadh ann am freagairt don cho-chomhairleachadh a bhith feumail do phròiseas a' phoileasaidh, chan urrainn co-chomhairleachaidhean dèiligeadh le draghan neo beachdan fa leth, a bu chòir a bhith air an cuir don bhuidhinn phoblach iomchaidh.

# Co-chomhairleachadh Measadh Buile Sòisealta is Ionannachd

Bu mhiann leinn ur beachd fhaighinn mun sgrìneadh Mheasadh Buile Sòisealta is Ionannachd (SEQIA) a chaidh a dhèanamh son na poileasaidhean ro-innleachdail anns a' Phlana Lìbhrigidh NTS2. Tha an SEQIA a' gabhail a-steach:

- Measadh Buile Ionannachd
- Measadh Dleistanais Alba nas Cothromaich; agus
- Measadh Buile Chòraichean is Soirbheas Cloinne

Leasaich sinn aithisg sgrìnidh SEQIA ag aithneachadh na prìomh bhuidhean a b' urrainn a bhith ann air na buidhnean a tha a' tighinn fo na measaidhean buile gu h-àrd agus a tha ceangailte ri Plana Lìbhrigidh 2020-22. An luib seo tha sgòr eadar-amail SEQIA a chaidh a thoirt do gach poileasaidh ro-innleachdail. Tha sinn a' sireadh ur beachdan mu na buidhean seo agus cuideachd dè a bu chòir a bhith ann am Plana Lìbhrigidh na h-ath-bhliadhna.

**S1) A' toirt aire don aithisg sgrìnidh SEQIA, a bheil thu den bheachd gu bheil buidhean ann nach do dh'aithnich sinn dhaibhsean beò ann am bochdainn neo mu choinneamh mì-chothrom shòiseo-eaconamaich? Tha seo a' cunntadh gach cuid buidhean math is dona.**

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam

Mìnichibh na buidhean:

**S2) A' toirt aire don aithisg sgrìnidh SEQIA, a bheil thu den bheachd gu bheil poileasaidhean ro-innleachdail Plana Lìbhrigidh NTS2 2020-2022 a' toirt taic do dh'oidhirpean bochdainn chloinne a lùghdachadh do na prìomh bhuidhnean as motha ann an cunnart\*?**

\*am-measg nam prìomh buidhnean tha teaghlaichean aona-phàrant, dachaighean anns a bheil cuideigin le ciorram, teaghlaichean le trì neo barrachd chloinne, teaghlaichean mion-chinnidh, teaghlaichean le leanabh nas òige na aon is teaghlaichean anns a bheil a' mhàthair nas òige na 25

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam

Minichibh adhbharan ur freagairt:

**S3) A' toirt aire don aithisg sgrìnidh SEQIA, a bheil thu den bheachd gu bheil buaidhean sam bith ann nach do dh'aithnich sinn do chloinn is daoine òga? Tha seo a' cunntadh gach cuid buaidhean math is dona.**

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam

Minichibh na buaidhean:

**S4) A' toirt aire don aithisg sgrinidh SEQIA, a bheil thu den bheachd gu bheil buaidhean sam bith ann nach do dh'aithnich sinn do na buidhnean fearta dhìona (m.e. aois, ciorram, cinneadh, gnè, leatromachd is màithreachas, aidmheil cleamhnais, ath-bhuileachadh gnè neo cràbhadh neo creideamh? Tha seo a' cunntadh gach cuid buaidhean math is dona.**

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam

Mìnichibh na buaidhean:

**S5) Dè na gnìomhan eile a bu chòir a bhith ann am Planaichean Lìbhrigidh NTS2 san àm ri teachd?**

**S6) A bheil thu airson beachdachadh air gun de na poileasaidhean fa leth ann am Plana Lìbhrigidh NTS2 2020-2022? Faicibh seòrsachadh nam poileasaidh is na sgòran eadar-amail anns an sgrìobhann 'References and Scoring'.**

Sgrìobhaibh àireamhan bratha gach poileasaidh gus an aithnich sinn dè am fear air a bheil thu a' beachdachadh. (Ma bu mhiann leat beachdachadh air sgòradh, freagairibh aig Ceist S6a)



**S6a) A bheil thu ag aontachadh le sgòr eadar-amail SEQIA a' phoileasaidh (neo poileasaidhean) air na beachdaich thu?**

Slatan-tomhais sgòraidh sgrìneadh SEQIA:

- **Buaidh Mhath Mhòr (++):** Tha an gnìomh a' cur gu mòr ri coileanadh feumalachdan Ionannachd na Roinn Poblach, Dleastanas Alba nas Cothromaich is Achd na Cloinne is Daoine Òga.
- **Buaidh Mhath Bheag (+):** Tha an gnìomh a' cur ri coileanadh feumalachdan Ionannachd na Roinn Poblach, Dleastanas Alba nas Cothromaich is Achd na Cloinne is Daoine Òga, ach chan eil gu mòr.
- **Gun Bhuidh/Glè bheag bhuidh (0):** Chan eil ceangal soilleir ann eadar an gnìomh is Ionannachd na Roinn Poblach, Dleastanas Alba nas Cothromaich is Achd na Cloinne is Daoine Òga neo tha an ceangal neo-chudromach.
- **Buaidh Dhona Bheag (-):** Tha an gnìomh a' toirt air falbh bho choileanadh feumalachdan Ionannachd na Roinn Poblach, Dleastanas Alba nas Cothromaich is Achd na Cloinne is Daoine Òga, ach chan eil gu mòr.
- **Buaidh Dhona Mhòr (- -):** Tha an gnìomh a' toirt air falbh gu mòr bho choileanadh feumalachdan Ionannachd na Roinn Poblach, Dleastanas Alba nas Cothromaich is Achd na Cloinne is Daoine Òga, agus tha lasachadh a dhìth.
- **Buaidh Mhì-chinnteach (?):** Tha càirdeas mì-chinnteach aig a' ghnìomh ri Ionannachd na Roinn Poblach, Dleastanas Alba nas Cothromaich is Achd na Cloinne is Daoine Òga, neo tha an càirdeas an urra ris an dòigh anns a bheil a' chùis air a làimhseachadh. Cuideachd, dh'fhaodadh gu bheil fiosrachadh a dhìth son measadh a dhèanamh comasach.

Cuiribh ann àireamh-bhratha gach poileasaidh air am beachdaich sibh:

Àireamh poileasaidh	Aonta leis an sgòr eadar-amail? (Tha/Chan eil/Chan eil fios agam)


**S6b) Na do bheachd, dè an sgòr SEQIA a bu chòir a bhith aig a' phoileasaidh (neo poileasaidhean) air na bheachdaich thu?**

Cuiribh ann àireamh-bhratha gach poileasaidh air am beachdaich sibh:

<b>Àireamh Phoileasaidh</b>	<b>Sgòr n-ur beachd</b>

--	--

**S7) Fàgaibh beachdan a bharrachd mu mheasadh nam poileasaidh air na bheachdaich thu.** Cuir ann do bheachd a thaobh am bu chòir am poileasaidh a bhith air a leasachadh, atharrachadh neo am bu chòir dòigh eadar-dhealaichte a ghabhail.

Cuiribh na h-àireamhan-bratha gu lèir còmhla ri ur beachdan:

Àireamh Phoileasaidh	Beachdan

# Co-chomhairleachadh Measadh Buile Neo-ionannachd Shlàinte

Chaidh sgrìneadh a dhèanamh de na buaidhean air neo-ionannachd shlàinte agus tha seo a' toirt measadh àrd-ìre fiosraichte le meòrachadh de na prìomh chùisean is fianais a thuilleadh air fios-air-ais bho Chòmhdhail Alba is oifigearan eile Riaghaltas na h-Alba.

Tha an aithisg sgrìnidh HIIA a' meòrachadh mar as urrainn gach poileasaidh ro-innleachdail buaidh a thoirt air neo-ionannachd shlàinte. Chaidh sgòr eadar-amail HIIA a thoirt do gach poileasaidh ro-innleachdail. Aithnichidh an aithisg sgrìnidh HIIA prìomh bhuidhean a b' urrainn a bhith ceangailte ri Plana Lìbhrigidh 2020-22. Tha sinn a' sireadh ur beachdan mu na buaidhean seo is cuideachd na gnìomhan a bu chòir a bhith ann am Plana Lìbhrigidh na h-ath-bhliadhna.

**H1) A' toirt aire don sgrìneadh HIIA, a bheil thu den bheachd gu bheil buaidhean neo-ionannachd slàinte ann nach do dh'aithnich sinn? Mar eisimplir, a bheil thu den bheachd gu bheil buaidh ann air gun de na buidhnean gu h-ìosal?**

Am-measg iadsan an cunnart de bhoichdainn tha:

- Feadhainn gun chosnadh
- Daoine a' faighinn shochairan
- Pàrantan singilte
- Teaghlach an cunnart m.e. màithrean òga, daoine a' fulang droch-dhìola theaghlachail, clann fo riosg de cheuman reachdail
- Clann is daoine òga fo chùram
- Iadsan a' fàgail shuidheachaidhean cùraim (a' cunntadh cloinne is dhaoine òga is feadhainn le tinneas)
- Daoine gun dachaigh
- Luchd-cùraim (a' cunntadh luchd-cùraim òga is luchd-cùraim le feartan dìona)
- Iadsan an sàs leis an t-siostam cheartais eucorach
- Daoine le ìre ìosal de litearrachd is àireamhachd
- Daoine a' mì-chleachdadh shusbaintean
- Daoine eile m.e. seann ghaisgich is oileanaich

Coimhearsnachdan cruinn-eòlach, a' cunntadh:

- Coimhearsnachdan dùthchail/leth-dhùthchail
- Coimhearsnachdan bailteil
- Coimhearsnachdan cladaich
- Coimhearsnachdan eileanach

Coimhearsnachdan Gnothachais is luchd-obrach a' cunntadh:

- Luchd-obrach làn-ùine is pàirt-ùine
- Luchd-obrach siofta
- Luchd-obrach le feartan dìona
- Luchd-obrach an cunnart de bhochdainn

Tha / Chan / Chan eil fios agam
---------------------------------

Mìnichibh na buaidhean:
-------------------------

**H2) A' toirt aire don sgrìneadh HIIA, a bheil thu den bheachd gu bheil buidhnean so-leònte ann nach do dh'aithnich sinn?**

Tha / Chan / Chan eil fios agam
---------------------------------

Mìnichibh na buaidhean:
-------------------------

**H3) A' toirt aire don aithisg sgrìnidh HIA, a bheil thu den bheachd gun toir na poileasaidhean ro-innleachdail ann am Plana Lìbhrigidh NTS2 2020-2022 buaidh air ruigsinneachd cùraim-slàinte, gu h-àraid dhaibhsean le feartan dìona m.e. aois, ciorram, cinneadh, gnè, ath-bhuileachadh gnè, neo cràbhadh neo creideamh neo iadsan bho bhuidhnean so-leònte eile.**

Tha / Chan / Chan eil fios agam
Mìnichibh adhbharan ur freagairt:

**H4) A' toirt aire don aithisg sgrìnidh HIA, a bheil na poileasaidhean ro-innleachdail a' toirt buaidh mhòir air càileachd adhair, gu h-àraid dhaibhsean le càileachd adhair nas miosa, mar eisimplir coimhearsnachdan bochda?**

A thuilleadh air a dhroch bhuidh air atharrachadh na gnàth-shìde, tha cuideachd buaidh dhona aig ar siostam còmhdhail air càileachd adhair. Cruthaichidh còmhdhail beagan a bharrachd na aon shiathamh de stuthan mion-duslaich na h-Alba (PM10) agus còrr air aon thritheamh de dh'eimisean nitrigin ocside (NOx) air fad. Thig a' mhòr-chuid de na h-eimisean seo bho còmhdhail rathaid.

Tha eimiseanan NOx à còmhdhail rathaid a' lùghdachadh ach aig ìre nas ìsle na bha an dùil. Eadar 2006 is 2016, thuit emiseanan còmhdhail de NOx52, PM1053, is PM2.554 aig ìre de 37%, 48%, is 54% gach cuid.

A dh'aindeoin seo, tha còmhdail, is còmhdhail rathaid gu h-àraid, fhathast gu mòr a' cur ri droch chàileachd adhair. Tha truailleadh adhair ag àrdachadh a' chunnairt de thinneasan leithid na cuinge, analachaidh, is tinneis chridhe, gu h-àraid dhaibhsean as so-leònte mar an fheadhainn uabhasach òg neo na sean neo iadsan mu thràth le duilgheadasan slàinte. Cuideachd, tha càileachd adhair tric nas miosa ann an sgìrean bochdainn is 's e cùis neo-ionannachd slàinte a th' ann. Ann an 2010, bha stuthan mion-dhuslaich ceangailte ri mu 2,000 bàs anabaich an Alba is mu 22,500 bliadhna-beatha caillte air feadh a' phobaill.

Tha / Chan / Chan eil fios agam

Minichibh adhbharan ur freagairt:

**H5) A bheil poileasaidhean ro-innleachdail anns a' Phlana Lìbhrigidh NTS2 a' toirt buaidh mhath neo dhona air ruigsinneachd dòigh-ithe fhallain, mar eisimplir, tro leasachadh ruigsinneachd bhùithtean, mhargaidhean is margaidhean-mòra le faotainneachd is neo-chosgaileachd bìdh nas fhallaine?**

Tha / Chan / Chan eil fios agam

Minichibh adhbharan ur freagairt:

**H6) A bheil thu den bheachd gun toir poileasaidhean ro-innleachdail a' Phlana Lìbhrigidh NTS2 buaidh mhath neo dhona air an àrainneachd shòisealta?**

Mar eisimplir, dè a' bhuidh a th' aige air:

- Inbhe shòisealta
- Fastadh (pàighte neo gun phàigheadh)
- Tuarastal is neo-ionannachd thuarastail
- Eucoir is eagal de dh'eucoir
- Taic theaghlaich is lionraidhean sòisealta
- Uallach, ath-leumachd, is so-mhaoinean coimhearsnachd
- Com-pàirt is eadar-obrachadh sòisealta
- Buidh is faireachdainn de smachd
- Fèin-aithne is buntainneas

Tha / Chan / Chan eil fios agam

Mìnichibh adhbharan ur freagairt:



**H7) Dè na gnìomhan a bharrachd a bu mhiann leat faicinn ann am Planaichean Lìbhrigidh NTS2 san àm ri teachd?**

Mìnichibh an seo:

**H8) A bheil thu airson beachdachadh air poileasaidhean fa leth sam bith ann am Plana Lìbhrigidh NTS2 2020-2022? Faicibh seòrsachadh poileasaidhean is na sgòran eadar-amail aca anns an sgrìobhann 'References and Scores'.**

Sgrìobhaibh àireamh-bhratha gach poileasaidh gus an aithnich sinn dè am poileasaidh air a bheil thu a' bruidhinn. (Ma tha thu airson beachdachadh air sgòradh freagairibh aig Ceist H8a.)

**H8a) A bheil thu ag aontachadh le sgòr HIIA eadar-amail a' phoileasaidh (neo poileasaidhean) air na bheachdaich thu?**

Slatan-tomhais sgòraidh sgrìneadh HIIA:

- **Buaidh Mhath Mhòr (++):** Tha comas aig a' phoileasaidh seo cuir gu mòr ri lùghdachadh neo-ionannachdan slàinte
- **Buaidh Mhath Bheag (+):** Tha comas aig a' phoileasaidh seo cuir ri lùghdachadh neo-ionannachdan slàinte, ach chan eil gu mòr
- **Gun/Glè bheag bhuidh (0):** Chan eil ceangal soilleir ann eadar am poileasaidh agus lùghdachadh neo-ionannachdan slàinte, neo tha an ceangal mì-chudromach
- **Buaidh Dhona Bheag (-):** Tha comas aig a' phoileasaidh seo toirt air falbh bho lùghdachadh neo-ionannachdan slàinte, ach chan eil gu mòr
- **Buaidh Dhona Mhòr (- -):** Tha comas aig a' phoileasaidh seo toirt air falbh gu mòr bho neo-ionannachdan slàinte. Mar sin tha lasachadh a dhìth.
- **Buaidh Mhì-chinnteach (?):** Tha ceangal mì-chinnteach aig a' phoileasaidh seo ri neo-ionannachdan slàinte / tha an ceangal an urra ris an dòigh anns an tèid a' chùis a làimhseachadh / tha fiosrachadh a dhìth mus eil measadh comasach

Cuiribh na h-àireamhan-bratha gu lèir còmhla ri ur beachdan:

Àireamh Phoileasaidh	Aonta leis an sgòr eadar-amail? (Tha/Chan eil/Chan eil fios agam)

--	--

**S8b) Na do bheachd, dè an sgòr HIA a bu chòir a bhith aig a' phoileasaidh (neo poileasaidhean) air na bheachdaich thu?**

Cuiribh na h-àireamhan-bratha gu lèir còmhla ri ur beachdan:

<b>Àireamh Phoileasaidh</b>	<b>Sgòr n-ur beachd?</b>

**S9) Fàgaibh beachdan a bharrachd mu mheasadh nam poileasaidh air na bheachdaich thu.** Cuir ann do bheachd a thaobh am bu chòir am poileasaidh a bhith air a leasachadh, atharrachadh neo am bu chòir dòigh eadar-dhealaichte a ghabhail.

Cuiribh na h-àireamhan-bratha gu lèir còmhla ri ur beachdan:

Àireamh Phoileasaidh	Beachdan

# Co-chomhairle Measadh Buile Choimhearsnachdan Eileanach

Bidh Measadh Buile Choimhearsnachdan Eileanach (ICIA) a' measadh buaidhean poileasaidhean, prògraman is pròiseactan air coimhearsnachdan eileanach.

Chaidh sgrìneadh a dhèanamh de bhuidhean air coimhearsnachdan eileanach agus tha seo a' toirt measadh àrd-ìre fiosraichte le meòrachadh de na prìomh chùisean is fianais agus cuideachd fios-air-ais bho Chòmhdhail Alba is oifigearan eile Riaghaltas na h-Alba.

Meòraichidh an aithisg sgrìnidh ICIA mar as urrainn gach poileasaidh ro-innleachdail buaidh a ghabhail air coimhearsnachdan eileanach. Chaidh sgòr eadar-amail ICIA a thoirt do gach poileasaidh ro-innleachdail. Aithnichidh an aithisg sgrìnidh ICIA prìomh bhuidhean a b' urrainn a bhith aig a' Phlana Lìbhrigidh 2020-22. Tha sinn a' sireadh ur beachd mu na buaidhean seo is cuideachd na gnìomhan a bu chòir a bhith ann am Plana Lìbhrigidh na h-ath-bhliadhna.

**I1) A' toirt aire don aithisg sgrìnidh ICIA, a bheil thu den bheachd gu bheil buaidhean ann do choimhearsnachdan eileanach nach do dh'aithnich sinn? Tha seo a' cunntadh bhuidhean math agus dona.**

Tha / Chan / Chan eil fios agam
Minichibh na buaidhean:

**I2) A' toirt aire don aithisg sgrinidh ICIA, a bheil na poileasaidhean ro-innleachdail anns a' Phlana Lìbhrigidh NTS2 2020-2022 gu h-èifeachdach a' dèiligeadh leis na dùbhlain còmhdaile sònraichte mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach?**

Tha / Chan / Chan eil fios agam

Mìnichibh adhbharan ur freagairt:

**I3) Dè na gnìomhan a bharrachd a bu mhiann leat faicinn ann am Planaichean Lìbhrigidh NTS2 san àm ri teachd?**

**I4) A bheil thu airson beachdachadh air poileasaidhean fa leth an luib Plana Lìbhrigidh NTS2 2020-2022? Faicibh seòrsachadh phoileasaidhean is na sgòran eadar-amail aca anns an sgrìobhann 'References and Scores'.**

Sgrìobhaibh àireamhan-bratha gach poileasaidh gus an aithnich sinn dè am fear air a bheil thu a' bruidhinn. (Ma bu mhiann leat beachdachadh air sgòradh, freagairibh Ceist I4a.)



**I4a) A bheil thu ag aontachadh le sgòr eadar-amail ICIA a' phoileasaidh (neo poileasaidhean) air na bheachdaich thu?**

Slatan-tomhais sgòraidh sgrìneadh ICIA:

- **Buaidh Mhath Mhòr (++):** B' urrainn am poileasaidh taic mhòr a thoirt do choimhearsnachdan eileanach, a' gabhail a-steach prionnsabalan Plana Nàiseanta nan Eilean a thaobh cothromachd, amalachais, dìon àrainneachd (uaine) is ion-ghabhalais.
- **Buaidh Mhath Bheag (+):** B' urrainn am poileasaidh taic a thoirt do choimhearsnachdan eileanach, a' gabhail a-steach prionnsabalan Plana Nàiseanta nan Eilean a thaobh cothromachd, amalachais, dìon àrainneachd (uaine) is ion-ghabhalais, ach chan ann gu mòr.
- **Gun Bhuidh/Glè bheag bhuidh (0):** Chan eil ceangal soilleir aig a' phoileasaidh ri coimhearsnachdan eileanach neo tha an ceangal mì-chudromach.
- **Buaidh Dhona Bheag (-):** B' urrainn am poileasaidh bacadh a dhèanamh ri prionnsabalan cothromach, amalachais, dìon àrainneachd (uaine) is ion-ghabhalas do choimhearsnachdan eileanach is feumaidh ceuman lasachaidh a chur an àite.
- **Buaidh Dhona Mhòr (- -):** Tha am poileasaidh a' gabhail buaidh gu mòr air prionnsabalan cothromachd, amalachais, dìon àrainneachd (uaine) is ion-ghabhalais. Mar sin tha lasachadh a dhìth.
- **Buaidh Mhì-chinnteach (?):** Tha ceangal mì-chinnteach aig a' ghnìomh ir feumalachdan Achd nan Eilean (Alba) 2018. Cuideachd, dh'fhaodadh fiosrachadh a bhith a dhìth gus measadh a bhith comasach.

Cuiribh na h-àireamhan-bratha gu lèir còmhla ri ur beachdan:

Àireamh Phoileasaidh	Aonta leis an sgòr eadar-amail? (Tha/Chan eil/Chan eil fios agam)



--	--

**I4b) Na do bheachd, dè an sgòr ICIA eadar-amail a bu chòir a bhith aig a' phoileasaidh (neo poileasaidhean) air na bheachdaich thu?**

Cuiribh na h-àireamhan-bratha gu lèir còmhla ri ur beachdan:

<b>Àireamh Phoileasaidh</b>	<b>Sgòr na do bheachd?</b>

**I5) Fàgaibh beachdan sam bith eile mu mheasadh nam poileasaidh air na bheachdaich thu.**

Cuiribh na h-àireamhan-bratha gu lèir còmhla ri ur beachdan:

<b>Àireamh Phoileasaidh</b>	<b>Beachdan</b>

# Co-chomhairle Measadh Buile Gnothachais is Riaghlaidh (BRIA)

Cuidichidh Measadh Buile Gnothachais is Riaghlaidh (BRIA) measadh na cosgaisean, buannachdan is cunnartan a tha dualtach a bhith an luib prìomh neo dàrna reachdas sam bith, riaghladh saor-thoileach, còdan giùlain, stiùireadh, neo atharrachaidhean poileasaidh a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air an roinn phoblach, prìobhaideach neo treas.

Chaidh sgrìneadh a dhèanamh de ghnòthachasan is riaghladairean is tha seo a' toirt measadh àrd-ìre fiosraichte le fianais bho Chòmhdhail Alba is oifigearan eile Riaghaltas na h-Alba.

Meòraichidh an aithisg sgrìnidh BRIA mar as urrainn gach poileasaidh ro-innleachdail buaidh a thoirt air an roinn phoblach, prìobhaideach is treas agus cuideachd luchd-ceannachd. Aithnichidh an aithisg sgrìnidh BRIA prìomh bhuidhean ceangailte ris a' Phlana Lìbhrigidh 2020-22. Tha sinn a' sireadh ur beachd mu na buaidhean seo is cuideachd na gnìomhan a bu chòir a bhith ann am Plana Lìbhrigidh na h-ath-bhliadhna.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseas BRIA anns an [inneal BRIA](#).

## **B1) A bheil thu den bheachd gum bi buaidh (math neo dona) aig a' Phlana Lìbhrigidh NTS2 2020-22 air gnothachasan fa leth ag obair an Alba?**

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam

Ma tha, mìnich ciamar a bhiodh buaidh (math neo dona) ann do ghnòthachasan:

**B2) A bheil thu den bheachd gum bi buaidh aig a' Phlana Lìbhrigidh NTS2 2020-22 air gnothachasan meanbha is beaga gu h-àraid?**

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam

Ma tha, mìnich ciamar a bhiodh buaidh (math neo dona) ann do ghnothachasan meanbha is beaga:

**B3) A bheil thu den bheachd gum bi am Plana Lìbhrigidh NTS2 2020-22 dualtach atharrachadh ìre na farpais do ghnothachasan?**

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam

Ma tha, mìnichibh ciamar a bhiodh buaidh (math neo dona) ann air ìre na farpais:

**B4) A bheil thu den bheachd gum bi buaidh (math neo dona) aig Plana Lìbhrigidh NTS2 2020-22 air luchd-ceannachd?** Bhiodh sinn airson glacadh buaidhean air, mar eisimplir, faotainneachd taice laghail neo an coltas barrachd chothroman a bhith ann do threas phàrtaidhean brath a ghabhail air luchd-ceannachd so-leònte.

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam

Ma tha, mìnichibh ciamar a bhiodh buaidh (math neo dona) ann do luchd-ceannachd:

**B5) A bheil thu den bheachd gum bi buaidh (math neo dona) aig a' Phlana Lìbhrigidh NTS2 2020-22 air riaghladairean?**

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam
Ma tha, mìnichibh ciamar a bhiodh buaidh (math neo dona) ann do riaghladairean:

**B6) A bheil thu den bheachd gum bi buaidh (math neo dona) aig a' Phlana Lìbhrigidh NTS2 2020-22 air ùghdarrasan ionadail?**

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam
Ma tha, mìnichibh ciamar a bhiodh buaidh (math neo dona) ann do dh'ùghdarrasan ionadail:

**B7) A bheil thu den bheachd gum bi buaidh aig a' Phlana Lìbhrigidh NTS2 2020-22 air buidhnean na treas roinne?**

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam

Ma tha, mìnichibh ciamar a bhios buaidh (math neo dona) ann do bhuidhnean na treas roinne:

**B8) A bheil thu den bheachd gum bi buaidh aig a' Phlana Lìbhrigidh NTS2 2020-22 air buidhnean sam bith 'eile'?**

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam

Ma tha, mìnichibh dè na buidhnean eile air an toir e buaidh:

Ma tha, mìnichibh ciamar a bheir e buaidh air a' bhuidhinn seo:

**B9) A bheil buaidhean sam bith bho atharrachaidhean ann an teicneòlasan is margaidhean didseatach air am bu chòir NTS2 aire a thoirt?**

Tric tha buaidhean ris nach robhar an dùil an luib atharrachaidhean ri poileasaidh, riaghladh neo laghan, mur nach toir Riaghaltas na h-Alba aire do dh'adhartasan ann an teicneòlas is a' bhuidh a b' urrainn seo toirt air libhrigeadh san àm ri teachd. Feumaidh meòrachadh a dhèanamh a thaobh an urrainn atharrachaidhean ann am buileachadh poileasaidhean ro-innleachdail fhathast a chur an sàs gu h-èifeachdach nan atharraich pròiseasan gnothachais/riaghaltais – leithid sheirbheisean a' gluasad air-loidhne. Bu mhiann leinn ur beachdan air na leanas:

- A bheil am poileasaidh ro-innleachdail a' toirt aire do dh'atharrachaidhean ann am teicneòlasan is margaidhean didseatach?
- An tèid am poileasaidh ro-innleachdail a chur an sàs ann an co-theacsa didseatach/air-loidhne?
- A bheil cothrom ann gun tèid am poileasaidh ro-innleachdail a sheachnadh le tar-ghnìomhan didseatach / air-loidhne?
- Air an làimh eile, an tèid am poileasaidh ro-innleachdail a chur an sàs a-mhàin ann an co-theacsa didseatach agus mar sin dh'fhaodadh e droch bhuidh a thoirt air gnothachasan tradaiseanta neo às-loidhne?
- Ma 's urrainn am poileasaidh ro-innleachdail a chur an sàs ann an àrainneachdan às-loidhne is air-loidhne an toir seo fhèin droch bhuidh air gnìomhairichean sealbhadaireach?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseas BRIA anns an [inneal BRIA](#)

Tha / Chan eil / Chan eil fios agam
Ma tha, mìnichibh ur freagairt:



**B10) Am bu mhiann leat beachdachadh air gun de phoileasaidhean fa leth a' Phlana Lìbhrigidh NTS2 2020-2022?**

Sgrìobhaibh àireamhan bratha gach poileasaidh gus an aithnich sinn dè am fear air a bheil thu a' beachdachadh.

--

**B11) Mar phàirt den BRIA slàn tha feum tomhais meud a dhèanamh den bhuidh air gnothachas. A bheil fiosrachadh iomchaidh sam bith agad neo fianais gus taic a thoirt do mheudachadh bhuidhean?**

Tha / Chan eil
Ma tha, cuiribh beachdan is fiosrachadh sam bith gu <a href="mailto:nts2impactassessments@aecom.com">nts2impactassessments@aecom.com</a>